

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

Total

1220/31/01

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2012

DIHAOINE, 11 CÈITEAN
10.50 AM – 11.30 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sar Ìre
Leughadh

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2012

FRIDAY, 11 MAY
10.50 AM – 11.30 AM

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
CREDIT
READING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.

Tha Pàirt 1 agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Pàirt 2 agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN

Pàirt 1

Imrich gu Ameireaga

Cha tèid an latha ud às mo chuimhne gu bràth. Bha mi fhèin, mo phiuthar agus mo phàrantan a' fuireach ann an Glaschu. Nuair a thàinig m' athair dhachaigh aon oidhche bhon obair aige, mhothaich sinn nuair a thàinig e a-steach tron doras gun robh rudeigin ceàrr. Bha rudeigin anns a' choltas shòlamaichte a bha air aodann agus san dòigh anns an robh e a' gluasad a thug oirnn smaoinichadh nach robh cùisean mar a b' àbhaist. Shuidh e sìos gu slaodach anns a' chathair mhòir san oisean agus leig e a-mach osna throm. B' i mo mhàthair a bhruidhinn an toiseach. "A bheil càil ceàrr?" dh'fhaighnich i le iomagain na guth. Gu socair, dh'innis e dhuinn gun robh e air an obair aige a chall oir bha am factaraidh anns an robh e ag obair a' dùnadh air sgàth crìonadh an eaconamaidh agus air sgàth gainnead òrdughan. Bha sinn uile mothachail air staid an eaconamaidh ach chun sin bha e dìreach mar sgeulachdan a chitheamaid air an telebhisean no sna pàipearan-naidheachd; bhae a' bualadh air daoine eile. Ach a-nis bha e air tighinn a-steach don teaghlach agus don dachaigh againn fhèin.

An ceann beagan sheachdainean, sguir m' athair a dh'obair agus thòisich e a' sireadh cosnadh ùr. Ach, cha robh sin furasta fhaighinn. Bha cus dhaoine eile san aon shuidheachadh. An sin, aon latha thàinig e dhachaigh le sanas a bha ag innse mu gheallaidhean cosnaidh ann an Ameireaga. Chitheadh sinn sa bhad gun robh esan air bhoil mun chothrom seo. Cha robh mi fhèin agus mo phiuthar idir cinnteach mun t-suidheachadh. Cha tuiirt mo mhàthair mòran mun chùis ach thuig sinn gum biodh ise deònach an imrich a dhèanamh nam biodh cosnadh cinnteach romhpa. Bha mise dusan bliadhna a dh'aois agus air tòiseachadh san àrd-sgoil; bha mo phiuthar deich bliadhna.

Co-dhiù, lion m' athair a-steach bileagan-iarrtais. "Nì sinn an-àird ar n-inntinnean ma gheibh mi tairgse air obair," arsa esan. An dèidh sin, dh'fhuirich sinn. Chaidh làithean seachad; chaidh seachdainean seachad. An sin, aon latha thàinig litir ann an cèiseig. Bha m' athair air tairgse fhaighinn air cosnadh ann am factaraidh faisg air New York. Bhuineadh am factaraidh don chompanaidh aig an robh e ag obair an Glaschu. B' e sin bu choireach gun robh e air an tairgse fhaighinn. Dè bha sinn dol a dhèanadh? Dè thachradh?

An toiseach, bha mo cheann fhèin air a lìonadh le dealbhan beothail tarraingeach den Ameireaga a bha mi air fhaicinn air an telebhisean agus ann an leabhraichean—a h-uile càil na b' fheàrr na bha cùisean ann an Alba. Ach, mar a bu mhotha a bha mi a' smaoinichadh mu dheidhinn 's ann a bu mhotha a thuig mi mar a dh'fheumadh cùisean atharrachadh. Bha mo phiuthar air bhoil; cha robh càil a' dèanamh dragh dhìse. Bha mo phàrantan a' dèanamh mòran còmhraidh mun chùis. Air a' cheann thall cho-dhùin iad gun robh barrachd ri bhuannachadh le gluasad a dh'Ameireaga na bha ri chall agus gun robh iad òg gu leòr airson beatha ùr a thòiseachadh. Bha sinn dol a dh'fhalbh!

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Ciamar a tha sinn a' tuigsinn aig toiseach na h-earrainn gun robh rudeigin cudromach dol a thachairt?

_____ 1

2. (a) Dè thuig an teaghlach nuair a thàinig an athair dhachaigh?

_____ 1

- (b) Dè thug orra sin a thuigsinn?

_____ 2

3. Dè rinn an athair an dèidh tighinn a-steach?

_____ 2

4. (a) Dè bha air tachairt don athair?

_____ 1

- (b) Carson a bha sin air tachairt?

_____ 3

5. Ciamar a dh'atharraich beachd an teaghlaich air staid na h-eaconomaidh?

_____ 2

[Tha ceistean 6, 7, 8, 9 agus 10 air duilleag a ceithir

Comharraidhean

6. Dè thug an athair dhachaigh aon latha?

2

7. Ciamar a bha gach neach san teaghlach a' faireachdainn mun sin?

4

8. Dè bha san litir a thàinig aon latha?

2

9. Dè na smuaintean mu Aimeireaga a bha aig an ùghdar an toiseach?

3

10. Dè a cho-dhùin pàrantan an ùghdair?

3

(26)

[Tha Pàirt 2 air duilleagan 5, 6 agus 7

Pàirt 2

B' ann nuair a bha sinn a' dèanamh an ullachaidh mu dheireadh airson gluasad gu Ameireaga a thuig mi an ìre chun an robh a h-uile càil a' dol a dh'atharrachadh. Cha b' urrainn dhuinn a h-uile càil a thoirt leinn agus mar sin chaidh àirneis taighe agus gnothaichean eile a reic no a thoirt seachad do bhuill den teaghlach againn. Ann an ùine ghoirid, bha an taigh againn a' coimhead gu math falamh. An dèidh sin bha againn ris an taigh a reic. Bha e annasach dhuinn a bhith a' faicinn dhaoine nach b' aithne dhuinn a' coiseachd mun cuairt nar 'dachaigh' agus a' rannsachadh a h-uile càil a bha na broinn.

Goirid mun do dh'fhalbh sinn bha gach feasgar air a lìonadh le nàbaidhean agus caraidean a' tadhal oirnn a ghuidhe gach beannachd dhuinn. 'S e àm gu math brònach a bha sin dhuinn uile ach aig an aon àm bha fiughair oirnn uile ri dhol gu dòigh-beatha ùr air taobh thall an t-saoghail.

Do neach a bha cleachdte ri baile mòr Ghlaschu, cha robh mi a' smaoinichadh gum biodh New York ro eadar-dhealaichte. Ach, 's mi a bha ceàrr! Bha barrachd ùpraid agus othail air na sràidean agus bha na togalaichean na bu mhotha 's na b' àirde. 'S beag an t-iongnadh gur e "*Am baile nach caidil idir*" a chanar ris! Ach, cha b' e sinne a' chiad daoine a rinn imrich gu Ameireaga. Shiubhail milleanan de dhaoine bho dhùthchannan eile gu Ameireaga sna linntean a dh'fhalbh a lorg beatha ùr. Bha a' mhòr chuid dhiubh sin air a dhol tro *Ellis Island* ann an New York. An-diugh, tha Ìomhaigh na Saorsa na chomharra ann an New York air an dòchas agus an t-saorsa a fhuair daoine a chaidh a dh'fhuireach do Ameireaga anns na linntean a chaidh seachad. Shaoil mi gun robh a' charragh mhòr sin a' cur fàilte oirne cuideachd gu 'Tìr na Saorsa'.

B' e fàs cleachdte ri dhol do sgoil ùir aon de na rudan bu chudromaiche dhomh fhèin agus dom phiuthar. Bha e gu h-àraidh doirbh dhòmh-sa oir bha mi dìreach air fàs eòlach air a bhith a' dol don àrd-sgoil: luchd-teagaisg ùra, agus caraidean ùra. A thuilleadh air sin, bha agam ri fàs cleachdte ri blas-cainnte agus briathran air nach robh mi idir eòlach. Cha mhòr nach robh e mar chànan tur eadar-dhealaichte! An toiseach bha mi a' faireachdainn glè aonaranach agus bha mi ag ionndrainn iomadh nì mun t-suidheachadh a bha mi air fhàgail às mo dhèidh. Ach thàinig piseach air cùisean gu math luath. Fhuair mi eòlas air sgoilearan 's luchd-teagaisg ùra, dh'fhàs mi cleachdte ri dòigh-bruidhne ùr agus shocraich mi ri dòigh-beatha a bha buileach eadar-dhealaichte. Bha an aon rud fìor mun teaghlach gu lèir. An ceann sia mìosan shaoileadh daoine gun robh sinn air a bhith ann an Ameireaga fad ar beatha.

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Dè thachair do na rudan nach toireadh iad leotha?

2

2. Dè thachair nuair a bha iad a' reic an taighe?

2

3. Carson a tha am facal “dachaigh” air a sgrìobhadh ann an cromagan (“ ”)?

2

4. Dè thachradh gach feasgar?

2

5. Dè na faireachdainnean a bha aig an teaghlach?

2

6. Ciamar a bha New York eadar-dhealaichte bho Ghlaschu?

2

[Tha ceistean 7, 8, 9, 10, 11 agus 12 air duilleag a seachd

Comharraidhean

7. Dè tha sònraichte mu Ellis Island?

2

8. Dè tha Ìomhaigh na Saorsa a' riochdachadh?

2

9. Carson a bha e doirbh don ùghdar an sgoil aige fhàgail?

2

10. Dè bha doirbh mun dòigh bruidhne san sgoil ùir?

2

11. Ciamar a dh'fhàs cùisean na b' fheàrr don ùghdar?

3

12. Dè tha a' sealltainn gun do dh'fhàs an teaghlach cleachdte ri beatha ann an New York?

1

(24)

[50]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

Total
Mark

--

1220/31/02

TEISTEANAIS DIHAOINE, 11 CÈITEAN
NÀISEANTA 3.45 PM – 4.15 PM
2012

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL FRIDAY, 11 MAY
QUALIFICATIONS 3.45 PM – 4.15 PM
2012

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
CREDIT
LISTENING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Tha aon earrann anns an deuchainn.

Tha an earrann na dà phàirt.

Cluinnidh tu gach pàirt dà thuras.

An dèidh dhut gach pàirt a chluinntinn an dara turas, freagair na ceistean air a' phàirt sin.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh fhad 's a tha thu a' cluinntinn gach pàirt.

Sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Comharraidhean

CEISTEAN

Pàirt 1

1. (a) Càit an deach am bàta-iasgaich fodha?

3

(b) Dè rinn sgiobair a' bhàta mus deach am bàta fodha?

2

2. Dè thachair dha na h-iasgairean?

2

3. Carson a thachair an tubaist seo?

1

4. (a) Ciamar a tha na h-iasgairean a-nis?

2

(b) Dè an **dà** dhòigh san robh iad fortanach?

2

(c) Carson **nach robh** iad na b' eagalaiche nuair a bha iad san uisge?

2

Comharraidhean

5. (a) Dè bha na h-iasgairean a' dèanamh mus deach am bàta fodha?

_____ 1

(b) Dè rinn iad nuair a chunnaic iad gun robh am bàta a' dol fodha?

_____ 1

6. Dè tha Murchadh a' smaoineachadh a thachras a-nis?

_____ 3

7. (a) Carson **nach bi** e doirbh do Mhurchadh tilleadh chun na mara?

_____ 2

(b) Dè bhitheadh doirbh do Mhurchadh?

_____ 1

8. Cuin a gheibh iad air ais gu muir?

_____ 2

(24)

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

CEISTEAN

Pàirt 2

1. Dè tha ann an *Ceòlmhor*?

_____ 1

2. (a) Dè an tachartas a tha a' dol a ghabhail àite?

_____ 1

(b) Cò bhitheas an làthair aig an tachartas seo?

_____ 2

(c) Càite am bi an tachartas seo?

_____ 1

3. (a) Dè cho fada 's a leanas *Ceòlmhor*?

_____ 1

(b) Cia mheud tachartas a ghabhas àite san ùine seo?

_____ 1

(c) Dè seòrsa àiteachan sam bi na tachartasan seo?

_____ 2

4. Dè an t-amas as motha a tha aig *Ceòlmhor*?

_____ 2

Comharraidhean

5. (a) Cò tha ann an Eilidh Mhoireasdan?

_____ 1

(b) Dè cho fada 's a tha i air a bhith ris an obair aice?

_____ 1

(c) Dè tha Eilidh ag ràdh a tha annasach mun obair aice?

_____ 2

(d) Dè thug *Ceòlmhor* do Eilidh nuair a thòisich e?

_____ 2

6. (a) Carson a tha Eilidh cho toilichte?

_____ 2

(b) Dè tha *Ceòlmhor* a' dearbhadh?

_____ 2

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

7. (a) Ciamar a bhitheas an t-side anns a' cheann a tuath?

2

(b) Dè a' chomhairle a tha air a thoirt do dhaoine a bhitheas a' siubhal gu *Ceòlmhor*?

2

(c) Dè tha air a ràdh mun t-side ann an Glaschu 's Dùn Èideann?

1

(26)

[50]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/31/12

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2012

DIHAOINE, 11 CÈITEAN
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Èisteachd (Earrann)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2012

FRIDAY, 11 MAY
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
CREDIT
LISTENING TRANSCRIPT

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



Part 1 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2 minutes.)

EARRANN

Tha sibh ag èisteachd ri Rèidio nan Gàidheal.

Pàirt 1

Madainn mhath. 'S mise Daibhidh MacNèill. Tha e leth uair an dèidh seachd agus seo agaibh Naidheachdan na Maidne. Seo na prìomh naidheachdan an-diugh.

Chaidh sianar iasgairean a shàbhaladh a-raoir às dèidh dhan bhàta-iasgaich aca, An Eala, a dhol fodha anns a' Chuan a Tuath mu fhichead mìle an ear air Obar Dheathain. Chaidh aig sgiobair a' bhàta air brath-èiginn a chur chun nam maor-cladaich goirid mus deach am bàta fodha. Gu fortanach, chaidh na h-iasgairean uile a thogail às a' mhuir le heileacoptar. Chan eil fhios idir aig an ìre seo dè dh'adhbhraich an tubaist. Tha Murchadh Caimbeul, fear de na h-iasgairean, anns an stiùidio againn ann an Obar Dheathain.

A Mhurchaidh, an toiseach ciamar a tha sibh uile?

Murchadh: Uill, tha a h-uile duine againn air faighinn a-mach às an ospadal 's gun sinn idir air ar goirteachadh. Bha sinn glè fhortanach gun robh seacaidean-sàbhalaidh oirnn agus gun robh feasgar ciùin, blàth ann. Mar a thachair, cha b' e suidheachadh ro eagalach a bh' ann. Cha robh sinn anns an uisge ach mu dheich mionaidean agus bha fios againn gun robh cuideachadh air an t-slighe thugainn.

Daibhidh: A bheil beachd agaibh dè chaidh ceàrr?

Murchadh: Chan eil idir. Thachair a h-uile càil gu luath. Aon mhionaid, bha ar n-aire air an lìon 's sinn ga shlaodadh air bòrd; an ath mhionaid bha am bàta a' lionadh le uisge. Cha robh càil air a shon ach leum a-mach air a' mhuir. Tha mi cinnteach ge-tà gun tèid rannsachadh a chur air chois 's gun tèid am bàta a thogail bho ghrunnd na mara. Gheibh sinn a-mach an uair sin dè dh'adhbhraich an tubaist.

Daibhidh: Am bi e doirbh dhuibh tilleadh chun na mara an dèidh mar a thachair a-raoir?

Murchadh: Cha chreid mi gum bi. Tha mi air a bhith aig muir fad mo bheatha agus chan e seo a' chiad turas a dh'èirich cunnart mòr dhomh an lùib m' obrach. Bhiodh e gu math na bu duilghe dhomh cùl a chur ris a' mhuir na bhith a' tilleadh thuige.

Daibhidh: Cuin a tha sibh an dùil a bhith air ais aig muir ma-tà?

Murchadh: Bidh sinn air ais cho luath 's a gheibh an sgiobair air airgead gu leòr a chur cruinn airson bàta eile a cheannach.

Daibhidh: Uill, mòran taing airson bruidhinn rinn, a Mhurchaidh.

After the second reading of Part 1, wait for 5 minutes, and then read Part 2.

Part 2 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 3 minutes.)

Tha *Naidheachdan na Maidne* a' leantainn.

Pàirt 2

Bidh *Ceòlmhor*, an fhèis mhòr Ghàidhealach, a' tòiseachadh le cuirm-ciùil fosglaidh a-nochd. Bidh cuid de phrìomh sheinneadairean agus còmhlain-ciùil na Gàidhealtachd a' nochdadh aig a' chonsairt seo ann am prìomh thalla Inbhir Nis aig ochd uairean. 'S e fèis air leth soirbheachail a tha ann an *Ceòlmhor*, mar a tha Màiri Rothach a' mineachadh.

Màiri: Seo an còigeamh bliadhna a tha an fhèis seo air àite a ghabhail. Anns an ath chola-deug, tha còrr 's caogad cuirm-ciùil gu bhith air an cumail air feadh na Gàidhealtachd — cuid ann an tallaichean spaideil nam bailtean mòra agus cuid eile ann an tallaichean beaga a-muigh air an dùthaich. 'S e prìomh amas na fèise seo a bhith a' taisbeanadh sàr cheòl Gàidhealach air feadh na sgìre. Còmhla rium an-dràsta, tha an seinneadair ainmeil Eilidh Mhoireasdan a bhitheas a' gabhail pàirt ann an cuirm na h-oidhche a-nochd ann an Inbhir Nis. Eilidh, innis dhuinn cho cudromach 's a tha an fhèis dha do leithid.

Eilidh: Uill, tha mise air a bhith a' nochdadh mar sheinneadair air an àrd-ùrlar airson deich bliadhna a-nis. Ach, gu h-annasach, tha mi a' cur a' mhòr-chuid den bhliadhna seachad thall thairis. 'S e glè bheag de chothroman a fhuair mi a bhith a' seinn ann an Alba gus an do thòisich *Ceòlmhor*.

Màiri: Dè a' bhuaidh a chanadh tu a tha air a bhith aig an fhèis air a' Ghàidhlig fhèin?

Eilidh: Leis gach bliadhna a tha a' dol seachad, tha barrachd Ghàidheil òga a' nochdadh aig an fhèis agus tha mi cho toilichte gu bheil na h-uimhir de sheinneadairean tàlantach aig a bheil Gàidhlig againn ann an Alba a-nis. Tha an fhèis seo a' dearbhadh gu bheil airgead ann an ceòl Ceilteach a-nis agus gu bheil deagh chothroman ann do òigridh a tha airson a bhith a' seinn.

Màiri: Uill, mòran taing airson bruidhinn rinn. Air ais dhan stiùidio.

Mòran taing, a Mhàiri.

Mu dheireadh, sùil air an t-side. Tha latha measgaichte gu bhith againn an-diugh. Tha eagal orm gur ann an ceann a tuath na h-Alba a bhios a' chuid as miosa den aimsir le uisge trom agus goath làidir aig a mannan. Ma tha sibh am beachd a dhol gu *Ceòlmhor*, feuch gun toir sibh aodach blàth agus seacaid dhìonach leibh! Ann an ceann a deas na dùthcha, bidh latha grianach ann le frasan a' tuiteam air na monaidhean. Ruigidh i cho àrd ri aon air fhichead Celsius ann an Glaschu agus Dùn Èideann ach cha bhi i cus nas blàithe na ceithir deug anns a' chòrr den dùthaich.

Tha sin gar toirt gu deireadh a' phrògram. Bidh sinn air ais le tuilleadh naidheachdan aig ochd uairean. Mar sin leibh.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]